

17 Ògmhios 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Mhàrt 2025, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Bhail' Ùr an t-Sleibh. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Anns an sgoil-àraich, bidh clann socair agus toilichte fhad 's a bhios iad a' cluich agus ag ionnsachadh. Tha clann san sgoil modhail agus deònach ionnsachadh. Thar na sgoile agus na sgoil-àraich, tha clann urramach agus a' cur fàilte chridheil air luchd-tadhail don sgoil aca.
- Tha clann nas òige a tha ag ionnsachadh tro mheadhan Gàidhlig san sgoil a' leasachadh an sgilean ann an litearrachd agus Gàidhlig gu math tro dhòighean-obrach bogaidh leithid seinn agus eadar-obrachadh le daoine eile sa Ghàidhlig.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdairean bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Feumaidh an t-ùghdarras ionadail gnìomh èiginneach a ghabhail gus ceannardas agus luchd-obrach na sgoile agus na sgoil-àraich a leasachadh, tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Feumaidh gach neach-obrach, le taic bhon ùghdarras ionadail, dòighean-obrach mionaideach a leasachadh gus obair na sgoile a mheasadh, a leasachadh, a sgrùdadh agus a leantainn. Feumaidh oifigearan ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do luchd-obrach gus stiùireadh a thoirt do raointean airson leasachadh agus an toirt air adhart.
- Feumaidh an t-ùghdarras ionadail gnìomh èiginneach a ghabhail gus an sgoil-àraich agus bogadh iomlan mean air mhean airson clann a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig ath-shuidheachadh. Feumaidh oifigearan ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do luchd-cleachdaidh gus clann san sgoil-àraich a chuideachadh gus fileantachd leasachadh sa Ghàidhlig a tha tòrr nas làidire.
- Thar na sgoile agus na sgoil-àraich, feumaidh an t-ùghdarras ionadail taic a thoirt do luchd-obrach gus càileachd an ionnsachaidh, an teagaisg agus a' mheasaidh a leasachadh ann am meadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' leasachadh dhòighean-obrach mionaideach airson planadh, measadh, tracadh agus sgrùdadh ionnsachadh chloinne gus adhartas chloinne ann an litearrachd agus àireamhachd a leasachadh.
- Le taic bhon ùghdarras ionadail, feumaidh luchd-obrach dòighean-obrach a leasachadh a thaobh dealbhadh agus taic a thoirt do chloinn aig a bheil feum air taic a bharrachd. Tha seo tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha seo a' gabhail a-steach clann le lùghdachadh ann an làthaireachd san sgoil agus san sgoil-àraich. Feumaidh iad dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan chloinne air an comharrachadh gu soilleir agus gu bheil

planaichean èifeachdach ann dhaibh. A bharrachd air sin, bu chòir sùil gheur a chumail air adhartas chloinne, a leantainn gu h-ìomchaidh agus a mheasadh gu cunbhalach. Feumaidh àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gum bi adhartas nas fheàrr aig clann aig a bheil feum air taic a bharrachd mar thoradh air a h-uile dòigh-obrach.

- Feumaidh an t-ùghdarras ionadail taic a thoirt do luchd-obrach san sgoil gus dòighean-obrach a leasachadh gus dèanamh cinnteach à co-ionannachd do gach pàiste a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Feumaidh iad dealbhadh gu faiceallach airson maoineachadh a bharrachd agus a chleachdadh gu h-ìomchaidh gus beàrnan ann an ionnsachadh chloinne a dhùnadh agus adhartas a h-uile pàiste a leasachadh.
- Anns an sgoil, feumaidh an t-ùghdarras ionadail taic a thoirt don luchd-obrach air fad gus dòighean-obrach de dh'àrd-inbhe a chleachdadh gu cunbhalach gus clann a chuideachadh le bhith a' tuigsinn an cuid faireachdainnean agus sunnd. Bu chòir do luchd-obrach cumail orra a' leasachadh dhòighean-obrach airson sunnd chloinne a mheasadh gus cuideachadh a thoirt do gach pàiste an adhartas as fheàrr a dhèanamh.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn obair na sgoile a luachadh le bhith a' cleachdadh ceithir comharran càileachd o [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Tha comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air na tha a' dol gu math agus na tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, cruinnichidh Riaghaltas na h-Alba fiosrachadh bho na luachaidhean againn gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Bhail' Ùr an t-Sleibh.

Comharran càileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	neo-riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	lag
A' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail ann	neo-riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	neo-riarachail
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: How good is our school? (4^{mh} tionndadh) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia puingean	

Comharran càileachd airson clas na sgoil-àraich	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	neo-riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	neo-riarachail
A' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail ann	lag
A' dìon-gleidheadh adhartas na cloinne	neo-riarachail
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Eàrr-ràdh 1: An sgèile sia puingean	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Ri linn toraidhean ar sgrùdaidh, tha sinn am beachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus tuilleadh ùine airson na leasachaidhean riatanach a dhèanamh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh comas na sgoile a dhol am feabhas. Tillidh sinn gus sgrùdadh eile a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh sia mìosan bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' dèanamh còmhraidh ri Comhairle na Gàidhealtachd air na tha an lùib an sgrùdaidh seo agus mar a bheir iad taic do leasachadh na sgoile. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim gus fios a chur thugaibh air an adhartas a rinn an sgoil.

Katharine Crombie
Neach-sgrùdaidh an Rìgh